

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 507. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 203 corresponds to Litir 507.

Anns a’ cheala-deug a dh’fhalbh, bha sinn ann an Sgìre an Ròid ann an Dùn Èideann, a’ coimhead air na h-ainmean-àite *Arthur’s Seat* agus *Piper’s Walk*. An t-seachdain seo, mus fhàg mi an sgìre sin, bu mhath leam sùil a thoirt air ainm Gàidhlig – no an ìre mhath Gàidhlig, co-dhiù. ’S e sin *Croft-an-Rìgh*. ’S ann mar sin a tha e a’ nochdadh air na soidhnichean. *Croft-an-Rìgh*. Chan e *Croit an Rìgh* mar a bhiodh dùil, ach *Croft-an-Rìgh*.

Tha an t-àite gu math faisg air Lùchairt an Ròid – dachaigh oifigeil na Banrigh ann an Alba. Nuair a chunnaic mi an soidhne, shaoil mi gur dòcha gur e seann ainm Gàidhlig a bh’ ann – a bhuineadh don linn, ochd ceud gu mìle bliadhna air ais, nuair a bha a’ Ghàidhlig beò mar chànan coimhearsnachd ann an Lodainn. Ach, nuair a dh’fhaighnich mi de Ghàidheil ionnsaichte, cha robh iad eòlach air an ainm. Agus **bha e neònach dhomh** gun robh an dreach Gàidhlig air a ghlèidheadh cho fada ann an àite mar Dhùn Èideann.

Choisich mi sìos an rathad far an robh an soidhne gam stiùireadh. Agus chan fhaca mi *croit*. Leis an fhìrinn innse, cha robh mi ’n dùil coinneachadh ri croitear le bòtannan air, agus caoraich is crodh ag ionaltradh taobh a-muigh an taigh aige. ’S e *croit Rìgh* a bh’ ann! Bhiodh e na bu spaideile na *croit* air a’ Ghàidhealtachd!

Ach cha robh eadhon *croit rìoghail* spaideil ann. Bha seann taigh ann, ge-tà. Agus air a’ bhalla bha an soidhne – *Croft-an-Rìgh*. Buinidh an taigh don t-siathamh linn deug. Tha e gu math sean.

Chaidh mi don leabhar le Stiùbhart Harris nach maireann – *The Place Names of Edinburgh*. Agus tha e coltach nach e ainm Gàidhlig a th’ ann idir. Anns a’ chiad dol a-mach feumar cuimhneachadh gun tàinig am facal Gàidhlig *croit* bhon Bheurla *croft*. Agus anns an ochdamh is naoidheamh linn deug bha an t-ainm clàraichte mar *Croftangry*. Tha Harris ag innse dhuinn gur e ainm Beurla a bh’ ann a thàinig bho *croft angr*. Tha e a’ ciallachadh pàirc ionaltraidh le feansa mu a timcheall, a tha suidhichte taobh a-staigh fearann a’ bhaile – seach àite ionaltraidh taobh a-muigh a’ bhaile air a’ chùl-cinn.

Ciamar, ma tha, a fhuair e ainm Gàidhlig? Uill, tha Harris ag ràdh, tron naoidheamh linn deug, gun do dh’atharraich an t-ainm bho *Croftangry* gu *Croftanry* gu *Croft an Rhi* le r-h-i, agus mu dheireadh r-i-g-h. Tha e coltach gun deach an ceangal a dhèanamh eadar an t-àite agus *Rìgh* na h-Alba leis gu bheil e cho faisg air an

lùchairt. Ach cha robh lùchairt aig na rìghrean an sin ro dheireadh a' chòigeamh linn deug. Agus bha a' Ghàidhlig air a bhith marbh fada ann an Lodainn aig an àm sin.

Chan eil Harris ag ràdh cò a bu choireach ri dreach Gàidhlig an ainm. Ach tha e ag ràdh gur e “Croft an Rye” an dòigh 's a bheil mòran ga ràdh. Agus chuala mi sin bho neach ann an Dùn Èideann cuideachd. Tha Harris a' dèanamh dheth gur e as coireach ris an fhuaimneachadh “rye” gun robh feadhainn a' cur an aghaidh dreach fuadain Gàidhlig a chur air seann ainm a thàinig bhon Bheurla.

Co-dhiù no co-dheth, sin Croft-an-Rìgh. Gu math tric, bidh sinn a' gearain gun deach dreach Beurla a chur air seann ainmean Gàidhlig. Uill, seo eisimpleir de dhreach Gàidhlig a' dol air seann ainm Beurla – rud nach fhaicear cho tric.

* * * * *

Faclan na Litreach: Sgìre an Ròid: *Holyrood*; Lùchairt an Ròid: *Holyrood Palace*; croit: *croft*; fuaimneachadh: *pronunciation*.

Abairtean na Litreach: anns a' cheala-deug a dh' fhalbh: *in the last fortnight*; no an ìre mhath Gàidhlig, co-dhiù: *or pretty much Gaelic, anyway*; 's ann mar sin a tha e a' nochdadh air na soidhnichean: *that's how it appears on the signs*; mar a bhiodh dùil: *as would be expected*; shaoil mi gur dòcha: *I thought that perhaps*; mar chànan coimhearsnachd ann an Lodainn: *as a community language in Lothian*; nuair a dh' fhaighnich mi de Ghàidheil ionnsaichte: *when I asked educated Gaels*; gun robh an dreach Gàidhlig air a ghlèidheadh cho fada: *that the Gaelic version was retained so long*; far an robh an soidhne gam stiùireadh: *where the sign was directing me*; croitear le bòtannan air: *a crofter with wellies on*; agus caoraich is crodh ag ionaltradh: *with sheep and cattle grazing*; na bu spaideile: *smarter*; buinidh an taigh don t-siathamh linn deug: *the house belongs to the 16th Century*; feumar cuimhneachadh: *it should be remembered*; pàirc ionaltraidh le feansa mu a timcheall: *fenced grazing*; suidhichte taobh a-staigh fearann a' bhaile: *situated within the inbye land*; air a' chùl-cinn: *in the common grazing ground outside the township*; cha robh lùchairt aig na rìghrean an sin: *the kings didn't have a palace there*; marbh fada ann an Lodainn: *dead for a long time in Lothian*; cò a bu choireach ri dreach Gàidhlig an ainm: *who is responsible for the Gaelic appearance of the name*; a' cur an aghaidh dreach fuadain Gàidhlig a chur air seann ainm: *rejecting giving an old name a false Gaelic appearance*; co-dhiù no co-dheth: *anyway*; bidh sinn a' gearain: *we complain*; nach fhaicear cho tric: *that's not seen too often*.

Puing-chànain na Litreach: ro dheireadh a' chòigeamh linn deug: *before the end of the fifteenth century. Have you noticed that we don't slenderise the ordinal numerical adjectives even in grammatical situations where (other) inflection occurs. So we say and write an còigeamh linn deug but deireadh a' chòigeamh linn deug, not deireadh a' chòigeimh linn deug. There is lenition but no slenderization. Similarly an seachdamh linn, but toiseach an t-seachdamh linn. The start of the word inflects, but not the end. The reason is that the adjective always precedes the noun. Other adjectives which precede the noun work similarly eg còta a' phrìomh fhir, lachanaich an droch isein, linn nan deagh shamhraidhean – the end of the word does not inflect even if its qualified noun inflects, such as by slenderization.*

Gnathas-cainnt na Litreach: bha e neònach dhomh: *it was strange to me.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA